 Bilboes, *s.* Ceap air bord soithich  
 Bile, *s.* Neasgaid, leannachadh  
 Bilge, *s.* Lend a bhios 'an iochdar luinge; bulg  
 Billingsgate, *s.* Cainnt shalach, trod  
 Bilk, *v.* Meall  
 Bill, *s.* Gob coin; bann arson airgid  
 Bill of exchange, *s.* Bann a bheir còir do neach airgid iarnaidh 'an àit' àraidh, bann-iomlaid  
 Bill of parcels, *s.* Cunntas ceannaiche  
 Billet, *s.* Oirdne bheag fhiodha; litir; paiper beag  
 Billet, *v.* Ceithearnan a thoirt do shaighd'ear  
 Billet-doux, *s.* Litir-ghaoil, no leannanachd  
 Billiards, *s.* Cluiche le ball's le caman  
 Billow, *s.* Tonn mhòr, sùmaid  
 Bind, *v.* Ceangail, cuibhricht  
 Binding, *s.* A ceangal, a cuibhreachadh  
 Binocle, *s.* Gloin amhairc dhùbailte  
 Binocular, *a.* Dà-shùileach  
 Biographer, *s.* Fear-sgrìobhadh eachdruidh neach, eachdraiche  
 Biography, *s.* Eachdruidh mu dhaoine  
 Biped, *s.* Beathach air dha chois  
 Bipedal, *a.* Dà throigh air fad, no air lend  
 Bipennated, *a.* Da-sgiathach  
 Birch, *s.* Beithe  
 Bird, *s.* Eun  
 Birgander, *s.* Seorsa geòidh  
 Birth, *s.* Breith; a thaobh breith  
 Birth-right, *s.* Coir-bhreith  
 Biscuit, *s.* Breacag bhrisg chruithneachd, briosgaid

Bishop, *s.* Easpuig  
 Bishopric, *s.* Sgìreachd Easpuig ;  
 dreuchd  
 Bistoury, *s.* Sgian leigh, core  
 lighiche  
 Bisulcous, *a.* Aig a 'bheil ladhar  
 sgoilte, ladhrach  
 Bit, *s.* Sparrag, àill-bheul ; mìn  
 beag  
 Bite, *s.* Crioma, mar nì iasg ri  
 biadh ; greimathoir tlestaclaibh ;  
 sgobadh, spoineadh  
 Bite, *v.* Teum, gearr  
 Bitter, *a.* Teith, goirt, garg,  
 searbh  
 Bittern, *s.* Stearnall ; gràineag ;  
 scarbh, Isa. 34. 11  
 Bitterness, *s.* Searbhadas ; mìn-run ;  
 dubhachas ; mulad-inntinn  
 Blab, *v.* A bhi lonach, luath-  
 bheulach, gabhannach  
 Black, *a.* Dorcha ; dubhach ;  
 aingidh  
 Black, *s.* Dnbh ; brònach  
 Blacken, *v.* A dheanamh dubh ;  
 a thogail droch-alladh  
 Blackguard, *s.* Misg'ear mìn-stuama,  
 neo-gheimnidh, mìn-bheusach  
 Blacksmith, *s.* Gobhainn ; gobhadh  
 Bladder, *s.* Aotroman  
 Blade, *s.* Bileag ; lann ; lasgaire  
 Blain, *s.* Plèan, neasgaid, leus  
 Blame, *s.* Oilbheum, coire  
 Blame, *v.* Coirich, masluich  
 Blameable, *a.* Ciontach, airidh air  
 a chumhasan  
 Blameless, *a.* Neo-chiontach, neo-  
 choireach  
 Blanch, *v.* Nì a ghealachadh ; a  
 rùsgadh  
 Bland, *a.* Maoth, bog, sèimh,  
 eùin  
 Blandish, *v.* Mìnich ; eùin-mheall  
 Blandishment, *s.* Ciùin bhriathran,  
 miodal, sodul  
 Blank, *s.* Ionad folamh ; a bhi  
 meallta  
 Blank, *a.* Geal gun sgrìobhadh

Blanket, *s.* Plaide  
 Blaspheme, *v.* Toibheam a labh-  
 airt, maslachadh  
 Blasphemous, *a.* Toibheumach,  
 maslach  
 Blasphemously, *ad.* Gu toibheum-  
 ach, gu maslach  
 Blasphemy, *s.* Toibheum, oil-  
 bheum, maslachd  
 Blast, *s.* Oiteag ghaoithe, séideadh  
 Blatant, *a.* Geumnaich mar laogh  
 Blaze, *v.* Las, soillsich  
 Blaze, *s.* Lasair, solus lasrach ;  
 soillseachadh  
 Blazon, *v.* Sgiamhaich, meudaich,  
 foillsich  
 Bleach, *v.* Gealaich  
 Bleached, *part.* Gealaichte, air a  
 dheanamh geal  
 Bleak, *a.* Lom, fuar, àrd  
 Blear, *a.* Uisgidh, dall, dorchas ;  
 lag  
 Blear-eyed, *a.* Brach-shuileach ;  
 ruisgte  
 Bleat, *v.* Mèal a dheanamh  
 Bleed, *v.* Fuil a chall, no a thar-  
 ruing  
 Blemish, *s.* Sal ; ciorram ; gaoid  
 Blemish, *v.* Sgainnich, mìn-chluic-  
 ich  
 Blench, *v.* Siab air falbh ; baelidh  
 Blend, *v.* Coimeasg, cuir as a  
 riaghailt  
 Bless, *v.* Beannuich  
 Blessed, } *part.* Sonadh, àghmhor,  
 Blest, } beannuichte  
 Blessing, *s.* Beannuichd  
 Blessed, *a.* Beannuichte  
 Blight, *s.* Fuar-dhealt  
 Blight, *v.* Searg, mill  
 Blind, *a.* Dall  
 Blind, *s.* Sgàile ; leithsgeul meallta  
 Blindness, *s.* Doille ; aineolas  
 Blindfold, *a.* Na sùilean a chòm-  
 hadh, no fholach  
 Blind-worm, *s.* Nathair bheag  
 nimhe

Blink, *v.* Caog, priob  
 Blinkard, *s.* Priobaire  
 Bliss, *s.* Ard-shonas, mòr aoibh-  
 neas  
 Blissful, *a.* Roshonadh, làn aiteis,  
 subhach  
 Blister, *s.* Leus, bolg, plucan  
 Blithe, } *a.* Aobhach, ait,  
 Blithsome, } sunntach  
 Bloat, *v.* Fàs atmhor, seidte  
 Block, *s.* Ealag, ineach; fear gun  
 tuigse; ulag  
 Block, *v.* Druid, dùin, bachd  
 Blocakde, *s.* Baile no àit' a  
 chluairteachadh  
 Blockhead, *s.* Umaidh gun tuigse,  
 sgonn gun toinisg, guraichd-  
 each, baoghaire  
 Lloctin, *s.* An t-iarunn geal is  
 fearr; staoin  
 Blood, *s.* Fuil; cinneach  
 Bloodhound, *s.* Cù-luirg, lorgaire  
 Blood-shed, *s.* Dortadh fola,  
 mortadh, àr  
 Bloodshot, *a.* Làn fola, dearg  
 Bloody, *a.* Fuilteach, làn fola  
 Bloom, *s.* Blàdh; tréin a neart;  
 gruaidh ruiteach  
 Bloom, } *v.* Blàidhean a chur a  
 Blossom, } mach, teachd fo bhlàth  
 Blot, *s.* Sal, smal  
 Blot, *v.* Masluich  
 Blotch, *s.* Guirein, leus  
 Blow, *s.* Buille  
 Blow, *v.* A bhi 'g àinich; teachd  
 fo bhlàth; séideadh  
 Blowze, *s.* Caile reamhar dhearg  
 Blowzy, *a.* Loisgte le gréin, dearg  
 san aghaidh  
 Blubber, *s.* Reamhrachd muice-  
 mara  
 Blubber, *v.* A bhi air àt le caoin-  
 eadh  
 Bludgeon, *s.* Bata goirid garbh  
 Blue, *a.* Gorm  
 Blueness, *s.* Guirmead; a blii  
 gorm  
 Blunder, *s.* Mearachd

Blunder, *v.* Mearachdaich  
 Blunderbuss, *s.* Gunna goirid  
 farsuing  
 Blunt, *a.* Neo-gheur, maol, gun  
 sgairt, gun mhodh  
 Blunt, *v.* Maolaich  
 Bluntly, *ad.* Gu mi-mhodhail, neo-  
 cheannasach  
 Bluntness, *s.* Cion faobhair, maoil-  
 ead; cion-modh  
 Blush, *v.* Rughadh a theachd sa  
 ghruaidh  
 Bluster, *v.* Collaid no stairich a  
 dheanamh  
 Blusterer, *s.* Raudaire spad-fhoc-  
 lach, glagach  
 Boar, *s.* Torc, cullach  
 Board, *s.* Bòrd; mòd air a chum-  
 ail  
 Board, *v.* A' leagadh le bòrdaibh;  
 dol a dh'aindeoin air bòrd  
 luinge; luach a dhìolar arson  
 cheithreannan agus lòin  
 Boardwages, *s.* Na h-urrad san lá,  
 &c. arson ceithreannan agus  
 teachd-an-tir  
 Boarish, *a.* Reasgach, garg, an-  
 iochd'or, brùideil  
 Boast, *s.* Uaill, spaglainn, glag-  
 aireachd  
 Boaster, *s.* Glagaire spaglainn-  
 each, spaillichdeil  
 Boastful, *a.* Mòrchuiseach, stràic-  
 eil, uaimhreach  
 Boastingly, *ad.* Gu mòrchuiseach,  
 stráiceil, spaglainneach  
 Boat, *s.* Bàta, eithear, culaidh,  
 coite  
 Boatman, *s.* Fear a bhàta, &c.  
 Bobtailed, *a.* Cutach, gearr-earb-  
 lach  
 Bode, *v.* Nì a chur air a mhanadh  
 Bodement, *s.* Manadh, roi-inn-  
 seadh, taragradh  
 Bodice, *s.* Clabh-beag boirionn-  
 aich  
 Bodiless, *a.* Neo-chorparra, spio-  
 radail

Bodily, *a.* Corporra  
 Bodkin, *s.* Snàthad-tharruing  
 Body, *s.* Corp; meall  
 Bog, *s.* Boglach, gaorasglach, fiuch-chàthar, criarach  
 Boggle, *v.* Clisge; teagamh; no bhi san iomachomhairle  
 Boggler, *s.* Gealltaire teagmhach  
 Boil, *v.* Bruich; deasaich  
 Boiled, *part.* Bruichte  
 Boiler, *s.* Coire, no poit  
 Boisterous, *a.* Ard-labhrach, borb, fuathasach  
 Boisterously, *ad.* Gu h-árd-labhrach, borb, fuathasach  
 Bold, *a.* Dàna, laidir, ladurna,  
 Boldly, *ad.* Gu dàna, foghainteach, treubhach  
 Boldness, *s.* Cruadal, dànachd, ladurnachd  
 Bolster, *s.* Adhartan, cluasag  
 Bolt, *s.* Crann; saighead  
 Bolt, *v.* Cuir an crann air, fastaidh e  
 Bolter, *s.* Criadhar mine  
 Bombard, *v.* Tilg air le gunna mòr  
 Bombast, *a.* Ard-ghleadhraich; sgleo, spagluinn  
 Bombilation, *s.* Ard-fhuaim  
 Bond, *s.* Bann; braighdeannas  
 Bond, *a.* Tràilleil, am bruid  
 Bondage, *s.* Daorsa, tràillealachd  
 Bondman, }  
 Bondmaid, } *s.* Tràill, ban-tràill  
 Bondsman, *s.* Urras  
 Bone, *s.* Cnaimh, craimh  
 Boneless, *a.* Gun chnaimh  
 Bonfire, *s.* Tein'-éibhneis, sàmhag  
 Bonnet, *s.* Boineid, ccann-chòmhdach  
 Bonnily, *ad.* Gu bòidheach, tlachd'or, eireachdail  
 Bonny, *a.* Maiseach, bòidheach, àillidh, dreachmhor  
 Bony, *a.* Cnámhach, làidir, neartmhor

Booby, *s.* Umaidh gun iùl, gun toinisg, baoghaire; cun mòr  
 Book, *s.* Leabhar  
 Book-binder, *s.* Fear cheangal leabhraichean  
 Bookish, *a.* Déigheil air leabhraichean  
 Book-keeper, *s.* Fear ghleidheadh chunntas  
 Book-keeping, *s.* An dòigh air an gleidhear cunntais  
 Book-mate, *s.* Co-fhoghlumaiche  
 Book-seller, *s.* Fear reic leabhraichean  
 Book-worm, *s.* Fear toighcach mu fhòghlum  
 Boon, *s.* Tiodhlac, tabhartas; guidhe  
 Boon, *a.* Sunntach, cridheil, aobhach, ait  
 Boor, *s.* Balach, ùipeir, ùmaidh, trustar  
 Boorish, *a.* Umadail, mi-mhodhail, droch-oileanaichte  
 Boose, *s.* Buathal mairt no daimh  
 Boot, *s.* Buannachd, cothrom; cobhartach; cas-bheairt  
 Booth, *s.* Bùth no bothan air fèill  
 Booty, *s.* Cobhartach, creich, plundrainn  
 Borocho, *s.* Misg'ear; searrag leathair  
 Border, *s.* Eirthir; taobh; crìoch  
 Borderer, *s.* Crìochadair  
 Bore, *v.* Toll a dheanamh  
 Boreal, *a.* Mu thuath, gu tuath, tuathach  
 Boreas, *s.* Gaoth tuath  
 Boree, *s.* Damhsadh Frangach  
 Born, *part.* Air a bhreith, beirte  
 Borne, *part.* Giulainte, iomchairichte  
 Borough, *s.* Baile margaidh  
 Borrow, *v.* Iasad no coingheall a ghabhail, no a thoirt  
 Borrower, *s.* Fear a ghabhas 'an iasad  
 Boscade, *s.* Coille, doire

- Bosky, *a.* Coillteach; garbh,  
 atmhor  
 Bosom, *s.* An t-uchd; an cridhe  
 Bosom, *v.* A ghabhail san uchd  
 Botanist, *s.* Lusragan  
 Botany, *s.* Eòlas luidhean  
 Botch, *s.* Neasgaid bhcag  
 Botch, *v.* Clùdadh no càramh  
 neo-shnasmhòr  
 Botcher, *s.* Clùdaire, brèidire  
 Both, *a.* An Dithis, an da chuid  
 —*ad.* co math, mar an ceudna  
 Bottle, *s.* Searrag, buidéal  
 Bottom, *s.* Iochdar aon ni; srath;  
 bunait  
 Bottomless, *a.* Gun iochdar  
 Bough, *s.* Meanglan, no meur  
 craoibhe  
 Bought, *s.* Cheannaich  
 Bounce, *v.* Leum, sùrdagaich  
 Bouncer, *s.* Fear-spaglainneach  
 spaillichdeil  
 Bound, *v.* Leum, sùrdag; leum  
 air ais a thoirt  
 Bound, } *s.* Crioche, comhar-  
 Boundary, } adh, ceann  
 Bound, *a.* A' dol do, a' dol gu  
 Boundless, *a.* Gun chrìoch, neo-  
 chrìochnach, gun cheann  
 Boundstone, *s.* Clach-chleasachd,  
 clach-chrìche  
 Bounteous, } *a.* Fiùghantach,  
 Bountiful, } mathasach, tabh-  
 artach  
 Bountifully, } *ad.* Gu fiùghan-  
 Bountiful, } tach, tabhartach  
 Bounty, *s.* Fiùghantas, tabhartas  
 Bouse or Boose, *v.* Anabhar òil  
 a dheanamh  
 Bousy, *a.* Air mheisg, misgeach,  
 air an daoraich  
 Bout, *s.* D'fheuchainn, oidheirp  
 Bow, *s.* Umhlachd; bogha  
 Bow, *v.* Crom, lib  
 Bowelless, *a.* An-ìochd'ar, neo-  
 mhothachail, mi-thruacanta  
 Bowels, *s.* Innigh; mionach;  
 truacantachd, caomhalachd
- Bower, *s.* Suidheagan ann an lios;  
 achdair  
 Bowery, *a.* Dubharach, sàmhach;  
 funnar  
 Bowl, *s.* Cuach, copan  
 Bowlegged, *a.* Braud-chasach  
 Bowline, *s.* Sròn-teud  
 Bowman, *s.* Fear-bogha  
 Bowsprit, *s.* Crann-tisge  
 Bowstring, *s.* Sreang-bogha  
 Bowyer, *s.* Fear-bogha; fear  
 dhcanamh bhoghachan, boghad-  
 air  
 Box, *s.* Cobhan, bocsa; buille  
 Box, *v.* Neach a bhualadh, buail  
 Boxer, *s.* Fear a bhuaileas le  
 dhòrnaibh  
 Boy, *s.* Leanamh gille, òganach  
 Boyish, *a.* Leanabail, socharach,  
 mar leanamh  
 Brabble, *s.* Iomairt, buaircas. *v.*  
 connsaich  
 Brace, *v.* Ccangail, teannaich  
 Bracelet, *s.* Lànfh-fhail, usgar-  
 làimhe  
 Bracer, *s.* Stiòm, ni air bith a  
 theannaicheas  
 Brachial, *a.* Gairdeanach  
 Brachygraphy, *s.* Sgrìobhadh air  
 mhodh gearr  
 Brackish, *a.* Goirt mar shàile  
 Brad, *s.* Tàirnean ùrlair  
 Brag, *s.* Ràiteachas; scorsa cluich  
 air chairtibh  
 Brag, *v.* Uaill, maoitheadh,  
 spaglainn a dheanamh  
 Braggadocia, *s.* Fearsaglainneach  
 spad-fhoclach  
 Braid, *v.* Figh, dualaich  
 Brain, *s.* Eanachainn, canachaill  
 Brain, *v.* Marbh, cuir an t-eana-  
 chainn as  
 Brainless, *a.* Faoin, amaidcach,  
 lag  
 Brainpan, *s.* An claigeann  
 Brainsick, *a.* Tinncas san tuigse  
 Brait, *a.* Daoimein neo-mhìn-  
 ichte

Brake, *s.* Cliath-mhòr; inneal a sheicleadh lìn; amar fùinidh  
 Braky, *a.* Biorach, deilgneach, tiugh  
 Bramble, *s.* Dris nan smiar  
 Bran, *s.* Càth a chruithneachd  
 Branch, *s.* Meanglan, meur; slioshd  
 Branch, *v.* Meur-sgaoil; sgiamhaich  
 Brand, *v.* Comharraich le iarunn teith  
 Brand, *s.* Comharradh, mi-chliu; aithinde  
 Branded, *part.* Loisgte le h-iarunn; sgainneilichte  
 Brandish, *v.* Ni a chrathadh  
 Brandy, *s.* Branndi, deoch laidir  
 Brangle, *s.* Co'-strigh, connsuchadh, brionglaid  
 Brasier, *s.* Ceard umha  
 Brasil, *s.* Fiodh a ni dath dearg  
 Brass, *s.* Umlia  
 Brat, *s.* Garrach; focal tàireil  
 Bravado, *s.* Maoitheadh, uail, bagradh  
 Brave, *a.* Cruadalach, misneachail, foghainteach  
 Brave, *v.* Neach a dhùlanachadh, a chuir gu fhulang  
 Bravely, *ad.* Gu tàbhachdach, fearail, foghainteach  
 Bravery, *s.* Misneach, mòr-chuis, cruadal  
 Bravo, *s.* Riadh-mhortair  
 Brawler, *s.* Fear tuaireapach, tuasaideach  
 Brawn, *s.* Cruaidh fheoil tuirc  
 Brawniness, *s.* Treise, spionnadh  
 Brawney, *a.* Neartmhor, gramail, cruaidh-ghreinneach  
 Bray, *s.* Langan mar ni asail, glaoth granda  
 Bray, *v.* Pronn, brùdh  
 Braze, *v.* Ni a thàthadh le h-umha  
 Brazenface, *s.* Dàna, ladurna, beag-nàrach  
 Brazenness, *s.* Mar umha; beag-nàrach

Breach, *s.* Fosgladh, bearn, connsuchadh  
 Bread, *s.* Aran, beathachadh  
 Bread corn, *s.* Siol gan deanar aran  
 Breadth, *s.* Leud o thaobh gu taobh  
 Break, *v.* Bris; ciùinich  
 Break, *s.* Fosgladh, bealach; fàillneachadh, briseadh  
 Breakers, *s.* Marannan, tuinn bhuaireasach bhristeach air sgeir no oitir  
 Breakfast, *s.* Biadh-maidne, trasg-bhriseadh  
 Breast, *s.* Uchd, brollach; a choguis; an cridhe  
 Breast-high, *a.* Aird an uchd  
 Breast-knot, *s.* Uchd-riomhadh  
 Breast-plate, *s.* Uchd-èididh  
 Breast-work, *s.* Obair-uchd  
 Breath, *s.* Anail; beatha  
 Breathe, *v.* Anail a tharruing; a bhi beo; fois a ghabhail  
 Breathing, *s.* Ag analach; ùrnuigh dhìomhair; fosadh  
 Breathless, *a.* A h-anail, 'an cabhaig; marbh  
 Breech, *s.* Ear gunna; am màs, &c.  
 Breeches, *s.* Brigis  
 Breed, *v.* Tog; àrach  
 Breed, *v.* Sìlidh, seorsa, àlach  
 Breeding, *s.* Oilcan, modh; gnàthachadh; beathachadh  
 Breeze, *s.* Gaoth, soirbheas  
 Breezy, *a.* Gaothar, fiunar  
 Brethren, *s.* Bràithrean  
 Breviary, *s.* Leabhar ùrnuigh  
 Breviat, *s.* As-tharruing, cuantas-gearr  
 Brevity, } *s.* Giorrad, aith-  
 Briefness, } ghearrad  
 Brew, *v.* Togail a dheanamh; ni a dhealbhl  
 Brewer, *s.* Fear-togalach; grùd-aire  
 Brewhouse, *s.* Tigh-togalach  
 Bribe, *s.* Duais gu claonadh, cumha

Bribe, *v.* Cennaich le duais  
 Bribery, *s.* Duais-bhratha, duais  
 na h-eacorach  
 Brick, *s.* Clach-chreadha  
 Brick-kiln, *s.* Adh-chlacha-  
 creadha  
 Brick-layer, *s.* Clachair chlacha-  
 creadha  
 Bridal, *s.* Banais, pòsadh  
 Bride, *s.* Bean-bainuse  
 Bride-cake, *s.* Aran mnà na  
 bainuse  
 Bridegroom, *s.* Fear na bainuse  
 Bridemaid, *s.* Gruagach no maigh-  
 deann mnà na bainuse  
 Bridewell, *s.* Tigh smachdach-  
 aidh  
 Bridge, *s.* Drochàit ; uachdar na  
 sròine  
 Bridle, *s.* Srian ; cumail a stigh  
 Bridle, *v.* Smachduich, stiùir,  
 cronaich  
 Bridle-hand, *s.* Lamh na sreine  
 Briefness, *s.* Ath-ghcarrad  
 Briefly, *ad.* Gu h-aithghcarra,  
 gu h-athghoirid  
 Brier, *s.* Dris  
 Briery, *a.* Deilgneach, driseach  
 Brigade, *s.* Earrann shaighdearan  
 Brigadier General, *s.* Ard-chean-  
 nard airm  
 Brigand, *s.* Meirleach, creachad-  
 air  
 Brigantine, *s.* Lonng dà chroinn ;  
 luireach mhàilleach  
 Bright, *a.* Dealrach, soilleir ;  
 toinisgeal  
 Brighten, *v.* Soilleirich  
 Brightness, *s.* Lonnraichead ;  
 geur-thoinisg  
 Brilliancy, *s.* Lannaireachd, deal-  
 radh  
 Brilliant, *a.* Lannaireach, deal-  
 rach  
 Brim, *s.* Bile ; oir ; taobh tobair  
 Brimmer, *s.* Lan chum a bheoil  
 Brimstone, *s.* Grunnstal, pron-  
 nusg

Brinded, }  
 Brindled, } *a.* Stiallach, riabhach  
 Brinc, *s.* Sàile ; a mhuir ; deòir  
 Bring, *v.* Tabhair  
 Brinish, *a.* Sàillte, goirt  
 Brink, *s.* Taobh àite, bruach  
 Brisket, *s.* Brollach  
 Briskly, *ad.* Gu brisg, beothail,  
 grad  
 Briskness, *s.* Beothalachd, graid-  
 cad  
 Bristle, *s.* Frioghan muice  
 Bristle, *v.* Frioghanaich  
 Bristly, *a.* Frioghanach ; greann-  
 ach ; feargach  
 British, *a.* Breatunnach  
 Brittle, *a.* Brisg, lag, breòite  
 Brittleness, *s.* Brisgead, maotha-  
 achd  
 Broach, *v.* Bris, fosgail  
 Broached, *part.* Briste, fosgailte  
 Broacher, *s.* Fosgladair, tionnsg-  
 nadair  
 Broad, *a.* Farsuing ; leathann  
 Broad cloth, *s.* Aodach-leathann  
 Broadness, *s.* Leud ; o thaobh gu  
 taobh  
 Broadside, *s.* Taobh luinge ; lòd  
 o gach gunna air taobh luinge  
 Broad-sword, *s.* Claidheamh  
 leathunn  
 Brock, *s.* Brochd  
 Brocket, *s.* Mang  
 Brocoli, *s.* Seorsa càil  
 Brogue, *s.* Bròg-èille, bròg-ghae'-  
 lach  
 Broil, *s.* Buairesas, streupaid, tuas-  
 aid  
 Broil, *v.* Ròist  
 Broken, *part.* Briste, spealgta  
 Broker, *s.* Aon a ni gnothach  
 arson neach eile  
 Brokerage, *s.* Duais fear dhean-  
 amh ghnothaichean  
 Brood, *v.* Guir ; feitheamh dùr-  
 achdach  
 Brook, *s.* Sruthan, allt beag  
 Brook, *v.* Meal ; fulaing ; giukain  
 Broom, *s.* Sguab urlair

Broomy, *a.* Làn bealaidh, mar  
bhealaidh  
Broth, *s.* Sùth feola, canbhrigh  
Brother, *s.* Bràthair  
Brotherhood, *s.* Bràithreachas  
Brotherly, *a.* Bràthaireil  
Brow, *s.* Maladh; bruach  
Browbeat, *v.* Buadhachadh le  
fearas mhòr  
Brown, *s.* Donn  
Brownish, *a.* Donnach  
Browse, *s.* Preasail, preasarnach  
Browse, *v.* Teachd beo ar preas-  
arnaich  
Bruise, *v.* Brùth, pronn  
Bruising, *s.* Caonnag, bruthadh  
Brunt, *s.* Buille; ionnsuidh  
Brush, *s.* Sguab ùrlair no aodaich  
Brushwood, *s.* Crìonach, dlù-  
phreasarnach  
Brutal, *a.* Garg, borb, an-ìochd'ar  
Brutality, *s.* Gairgead, neo-ìochd-  
'airead  
Brutalize, *v.* A dheanamh all-  
mharra, no fiadhaich  
Brutally, *ad.* Gu borb, gu fiadh-  
aich  
Brute, *s.* Brùid, ainmhidh  
Brutish, *a.* Neo-thuigseach,  
brùideil  
Bubble, *s.* Brise builgein; meall-  
adh  
Buck, *s.* Bochd earba, &c.  
Bucket, *s.* Cuinneag uisge  
Buckle, *s.* Ceangladh.—*v.* ceang-  
ail  
Buckler, *s.* Sgiath, *v.* Dìon, cum  
suas  
Buckskin, *s.* Leathar-buic  
Buckthorn, *s.* Sgitheach, preas  
deilgneach  
Bud, *s.* Ur-fhàs, gucag  
Bud, *v.* Teachd fo ùr-fhàs, no  
bideachadh  
Budge, *v.* Gluais, imich, caruich  
Budget, *s.* Balg, màileid, taisgeach  
Buffalo, *s.* Tarbh-allnidh, &c.  
Buffet, *s.* Buille le dorn, boiseag  
Buffoon, *s.* Cleasaiche, fear-chleas

Bugbear, *s.* Cuis cagail; cagal  
meallta  
Bugle, *s.* Dùbhtach  
Build, *v.* Tog  
Builder, *s.* Fear togalach, clachair  
Building, *s.* Togail, aitreabh  
Bulimy, *s.* Glànhaireachd  
Bulk, *s.* Meud, tomald  
Bulk-head, *s.* Clàraidh, no sgialan  
ann an luing  
Bulkiness, *s.* Tomaldachd, meud-  
achd  
Bulky, *a.* Sultmhor, tòmaldach,  
ro-mhòr  
Bull, *s.* Tarbh; achd Pàpa, &c.  
Bull-baiting, *s.* Càth eadar tarbh  
agus coin; coineart  
Bull-dog, *s.* Cú mòr feòladair  
Bullet, *s.* Peileir  
Bull-head, *s.* Sgonn gun tuigse  
Bullion, *s.* Airgiod no òr gun  
chùinneadh  
Bullock, *s.* Damh  
Bully, *s.* Fear gleadhrach, tua-  
aideach  
Bully, *v.* A bhi spaglainneach,  
straiceil  
Bulrush, *s.* Luachair, cuile  
Bulwark, *s.* Daighneach, dùn-  
catha  
Bump, *s.* At; buille, gleadhar,  
straioile  
Bumper, *s.* Gloine dearr-lan  
Bumpkin, *s.* Fìor-bhalach, ùm-  
aidh neo-thuigseach  
Bun, *s.* Aran catrom milis  
Bunch, *s.* Bagaid; snuim, meall  
cruaidh  
Bundle, *s.* Aslachan, achlasan  
Bundle, *v.* Trus, ceangail  
Bung, *s.* Arcan buidell, stoipeal  
Bungle, *v.* Ni a dheanamh gu  
cearbach  
Bungled, *part.* Millte  
Bungler, *s.* Fear millidh  
Bunter, *s.* Boirionnach salach  
neo-fhiachail  
Buoy, *s.* Fleodruinn; bolladh  
sdiùraidh

- Buoy, v.** Ni a chumail an uachdar, no air snàmh  
**Buoyancy, s.** Air snàmh  
**Buoyant, a.** Snàmhach  
**Bur, v.** Searcan-suirdheach  
**Burden, s.** Eallach, uallach, cìre  
**Burden, v.** Luchdaich  
**Burdensome, a.** Trom, doilgheasach, cruaidh  
**Burdock, s.** Mac-an-dogha  
**Burganet, s.** Seann seorsa clogaide  
**Burgess, s.** Saoranach, fear saor ann am baile mòr, buirdeasach  
**Burgh, s.** Baile-margaidh  
**Burgher, s.** Buirdeasach, saoranach  
**Burglary, s.** Spùinneadh thighean  
**Burgomaster, s.** Ard-shaor-fhear saoi Olaind  
**Burial, s.** Adhlacadh, ollanachadh, tiodhlacadh, tòrradh  
**Burlesque v.** Fanoid no sgeig a dheanamh  
**Burlesque, s.** Cainnt-bhallsgach, fearas-chuideachd  
**Burlesque, a.** Cridheil, sunndach, àbhachdaideach  
**Burn, v.** Loisg  
**Burn, s.** Losgadh, no òdachann le teine  
**Burning, s.** Losgadh  
**Burnish, v.** Grinnich, loinnrich, glan  
**Burnisher, s.** Fear-glanaidh, min-eachaidh, no loinnreachaidh  
**Burrow, v.** Cladhaich, dean tuill  
**Burst, v.** Sgàin, sgoilt  
**Burst, s.** Grad bhriscadh, sgoltadh  
**Bury, v.** Adhlaic, &c. folaich  
**Bush, s.** Preas, meanglan  
**Bushel, s.** Fèòrlan, coathramh  
**Bushy, a.** Dùsluingeach, preasach, dosach  
**Busily, ad.** Gú cabhagach, gu gnìomhach  
**Business, s.** Gnothach; ceaird; cùis  
**Buss, s.** Eithear iasgaich; pòg
- Bustle, s.** Othail, buaireas, ùinich, iorghuill  
**Bustler, s.** Duine sgairteil, deanadach  
**Busy, a.** Deanadach, gnìomhach; meachranach  
**Busybody, s.** Neach a ghabhas gnothach ri nì nach buin dà  
**But, conj.** Ach, mur, gidheadh, &c.  
**Bùt, s.** Crioich, ceann  
**Butcher, s.** Fcoladair  
**Butcher, v.** A bhi marbhadh, ag àr, a'mortadh  
**Butchered, part.** Marbhta, morta  
**Butcherly, a.** Fuilteach, an-iochd-ar, garg  
**Butchery, s.** Feoladaircachd; tigh marbhaidh  
**Butler, s.** Oglach air a bheil cùram na dibhe, &c. Buidealair, Gen. xl. 1.  
**Butter, s.** Im  
**Butterfly, s.** Dearbadan  
**Bùtter-milk, s.** Blàthach, bainne-muidhe  
**Buttery, s.** Tigh taisgich  
**Buttock, s.** Tiugh a mhàis  
**Button, v.** Dùin, druid  
**Bùtton, s.** Cnap a dhùnadh trusg-ain  
**Button-hole, s.** Toll cnaipe  
**Buxom, a.** Beothail, eatrom, mear  
**Buxomness, s.** Macnasachd, leannanachd  
**Buy, v.** Ceannuich  
**Buyer, s.** Ceannachadair  
**Buzz, s.** Dùrdail, torman, crònan  
**Buz, v.** Crònanaich, &c.  
**Buzzard, s.** Seobhag, clamhan; siadaire, sgonn-bhalach  
**By, pr.** Le, tre, &c.  
**By-path, s.** Leth-rathad, frith-rathad  
**By-stander, s.** Fear-amhaire, neo-bhuntainneach  
**By-street, s.** Sràid-leth-taoibh, no uaigneach  
**By-word, s.** Leth-fhocal

## C.

**C**AB, *s.* Tomhas Iudhach, a chumas trì bodaich Albannach

Cabal, *s.* Coinneamh dhìomhair

Cabal, } *s.* Beul-aithris nan

Cabala, } Iudhach

Cabal, *v.* A bhi gleidheadh coinneamh dhìomhair

Cabalist, *s.* Aon colach air beul-aithris nan Iudhach

Cabbage, *s.* Càl ceartlach

Cabbage, *v.* Aodach a chleth an àm a ghearradh

Cabinet-council, *s.* Comhairle-dhìomhair

Cable, *s.* Muir-theud ; sron-teud

Cachectical, *a.* Brèithe, euslan

Cackle, *v.* Gogail a dheanamh mar chire

Cacodemon, *s.* Droch-spiorad, deamhan

Cadaverous, *a.* Lèbhta, breun, maleta

Cadbate, *s.* Biadhag

Cade, *a.* Càlta, maoth, mùirneach

Cadence, *s.* An guth isleachadh, a ghleusadh

Cadi, *s.* Ard riaghlair am measg nan Turcach

Cag, *s.* Buidéal beag

Cage, *s.* Eunadan, crò

Cajole, *v.* Meall, breug

Cajoler, *s.* Mcalltair, sodulaiche

Caitiff, *s.* Droch-dhuine, slaoigh-tire, cealgoir

Cake, *s.* Dearnagan, breacag, bonnach

Calamanco, *s.* Aodach tana cruaidh

Calamitous, *a.* Truagh, mishealbhar, dòineach

Calamity, *s.* Truaighe, dosguinn, calldach

Calash, *s.* Carbad fosgailte ; culaidh chinn

Calcine, *v.* Loisg gu luathre

Calcography, *s.* Gearradh no grabhaladh air umha

Calculate, *v.* Meas, àireamh

Calculation, *s.* Meas, cothromachadh, cunntas

Calculator, *s.* Fear-meas, cunntair

Calculous, *a.* Clachach, grinnealach, cruaidh, dòirneagach

Caldron, *s.* Coire

Caldonian, *s.* Albannach

Calefactory, *a.* Teasachadh, blàiteachadh

Calefy, *v.* Teasaich, blàithnich

Calender, *s.* Mìosachan

Calendar, *v.* Mìnich, liosraich

Calends, *s.* A cheud lá de gach mìos

Calf, *s.* Laogh ; calpa na coise

Caliber, *s.* Farsuingeachd gunna

Calico, *s.* Aodach air a dheanamh de chanach

Calid, *s.* Ro-theith, loisgeach, sgailteil

Calidity, } *s.* Tcas anabarrach

Calidness, } *s.* Tcas anabarrach

Caligation, *s.* Dorchadas, doilleir eachd

Caliginous, *a.* Dorcha, doilleir, ceothar

Caligraphy, *s.* Sgrìobhadh boidheach, snasmhor

Caliph, *s.* Rìgh ; Iompaire ; Ardshagairt

Calk, *v.* Calc

Calker, *s.* Calcadair, fear-calcaidh

Call, *v.* Gairm, thoir cuireadh

Call, *s.* Iarrrtas, gairm

Calat, } *s.* Boirionnach mi-bheus-  
Calet, } ach, neo-bhanail

Calling *s.* Ceaird, ealdhain  
 Callipers, *s.* Goulraing chàim; in-  
 neal a thomhas shoithichean  
 Callosity, *s.* Calunn  
 Callous, *a.* Cruaidh, neo-mothach-  
 ail  
 Callow, *a.* Sgalltachan, rùisgte  
 gun iteagan  
 Calm, *v.* Ciùinich, sìochaich  
 Calm, *s.* Féith, fois, tàmh, sìth,  
 suaimhneas  
 Calm, *a.* Sàmhchair, socair,  
 ciùin  
 Calmly, *ad.* Gu sàmhach, gu  
 socair, gu ciùin  
 Calmness, *s.* Sàmhchair, socair,  
 ciùineas  
 Calve, *v.* Laogh a bhreith  
 Calvinism, *s.* Teagasg an roì-  
 òrduchadh, &c. le *Calbhin*.  
 Calvinists, *s.* Luchd leanmhuinn  
 Chalbhin  
 Culumniate, *v.* Casaid bhréig a  
 dheanamh; tuailcas a thogail  
 Calumniator, *s.* Fear a ni casaid  
 bhréige; cùl-chàineadair, sgainn-  
 eiliche  
 Calumny, *s.* Tuailcas, sgainneil  
 Camel, *s.* Camhal; ainmhidh  
 mòr coitichionn ann an *Arabia*  
 Camlet, *s.* Aodach air a dheanamh  
 de shìoda agus de dh'oluinn  
 Camomile, *s.* Camamhil, luibh  
 leighis  
 Camoys, *a.* Spad-shronach,  
 spada  
 Camp, *s.* Campa  
 Campaign, *s.* Còmhlaire; an' ùin'  
 a sheasas saighdearan ri cogadh  
 'an aon bhliadhna  
 Can, *s.* Soitheach, cuach  
 Canaille, *s.* A chuid is isle de'n  
 t-sluagh  
 Canal, *s.* Amhuin air a deanamh  
 le daoineibh  
 Cancel, *v.* Dubh a mach, dean gun  
 bhladh  
 Cancellated, *a.* Tarsannanaichte

Cancelled, *part.* Dubhta, millte,  
 neo-bhrighichte  
 Cancer, *s.* Goirtcas ca' teach,  
 craiteach, cnàmhach  
 Candid, *a.* Geal; saor, firinneach,  
 neo-chealgach  
 Candidate, *s.* Fear-iarruidh àite  
 Candidly, *ad.* Gu ceart, gu saor,  
 gu soilleir  
 Candify, *v.* Gealaich  
 Candle, *s.* Coinneal  
 Candlemas, *s.* Fèillbrìde  
 Candlestick, *s.* Coinnleir  
 Candour, *s.* Deagh-ghnètheach,  
 ionracas  
 Cane, *s.* Slatag spaidsearachd,  
 cuile o'n deanar siúcar; — *v.*  
 gabhail air le batadh  
 Canine, *a.* Madachail  
 Canister, *s.* Bòstan a chumail tì;  
 caiteag  
 Canker, *s.* Cnàmhuinn  
 Canker-worm, *s.* Cnàmh-  
 chnuimh  
 Cannibal, *s.* Fear a dh'itheas feoil  
 daoine  
 Cannon, *s.* Gunna mòr  
 Cannonier, *s.* Gunnair  
 Canoe, *s.* Coite, curach, bàta  
 Canon, *s.* Riaghailt, reachd; na  
 scriobtuirean naomha  
 Canonical, *a.* Riaghailteach, a  
 rèir reachd na h-eaglais  
 Canonicals, *s.* Eididh gnàthaichte  
 na clèire  
 Canonization, *s.* Naomh-dheanamh  
 Canopy, *s.* Còmhach rioghail;  
 ceann-bhrat  
 Canorous, *a.* Ceolmhor, fonn-  
 mhor, ard  
 Cantata, *s.* Fonn, ceol tiomhaidh  
 Cantation, *s.* A' seinn, canntair-  
 eachd  
 Canter, *s.* Falaireachd; cealgoir  
 Cantharides, *s.* Cuileagan spainnd-  
 each  
 Canticle, *s.* Dàn Sholamh, naomh  
 òran

Cantle, *v.* Gearr 'na mhiribh  
 Cantle, } *s.* Bloidh, fuigheall,  
 Cantlet, } iarmad  
 Canto *s.* Earran de dhàn no  
 dh'òran  
 Canton, *s.* Taobh dùthcha ; fin-  
 eadh  
 Canton, }  
 Cantonize, } *v.* Fearann a roinn  
 Canvass, *s.* Cainb-aodach ; as-  
 luchadh  
 Canvass, *v.* Nì a rannsuchadh, a  
 cheansuchadh, a chionnsuchadh ;  
 strì mu urram  
 Canzonet, *s.* Oran, no duan  
 Cap, *s.* Currachd  
 Cap-a-pie, *a.* O mhullach gu  
 bonn, o bhonn gu bathais  
 Capability, *s.* Comasachd, ur-  
 rainneachd, freagarrachd  
 Capable, *a.* Murrach ; fiosrach ;  
 iomchuidh  
 Capacious, *a.* Farsuing, mòr,  
 barra-sgaoilteach  
 Capaciousness, *s.* Meudachd,  
 farsuingeachd  
 Capacity, *s.* Comas ; toinise ;  
 tuigse  
 Caparison, *s.* Each-èididh rìomh-  
 ach  
 Cape, *s.* Rugha ; bann-bhràighe  
 truscan uachdair  
 Caper, *v.* Leum, dean mire  
 Capering, *part.* Leumnaich,  
 beichdeirtich, ruideis  
 Capital, *a.* Priomh ; àrd ; grinn ;  
 a' toilltinn bàis  
 Capital, *s.* Calpa ; (*eadar riadh*  
*a's chalpa*) litir mhòr ; earras ;  
 àrd-chaithir, baile mòr na  
 rioghachd no na siorramachd  
 Capitation, *s.* Cunntas cheann  
 Capitulate, *v.* Strìochda air  
 chumhadh  
 Capitulation, *s.* Baille 'ghéilleadh  
 air chumhantaibh àraidh  
 Capon, *s.* Coileach spoghta  
 Caprice, *s.* Neònachas, iongant-  
 as, faoinis

Capricious, *a.* Neònach, iongant-  
 ach, gogaideach  
 Capstan, } *s.* Inneal draghaidh,  
 Capstern, } no togail  
 Capsular, }  
 Capsulary, } *a.* Fàs mar chobhan  
 Captain, *s.* Ceannard-luinge,  
 cuideachd each marc-shluaigh,  
 no choisichean  
 Captivate, *v.* Ceannsaich ; thoir an  
 bruid  
 Captive, *s.* Priosanach ; tràill ;  
 ciomach  
 Captivity, *s.* Daorsadh, ciomachas,  
 braighdeanas  
 Caption, *s.* Glacadh ; cuir an  
 laimh  
 Captious, *a.* Crosda, frionasach,  
 feargach  
 Captor, *s.* Fear-glacaidh  
 Capture, *s.* Creach a ghlacar,  
 glacadh cobhartaich  
 Capuchin, *s.* Brathair bochd ;  
 falluing mnà ; ceann-aodach  
 Car, *s.* Carn ; feun ; carbad  
 Caravan, *s.* Iomchar mòr ; co-  
 luchd roinn air thuras, no oil-  
 thirich  
 Caravansary, *s.* Tigh àsda, no  
 aoigheachd, san àird-an-ear  
 Carbine, *s.* Gunna beag, gunna  
 marcaich  
 Carbanier, *s.* Aon de'n mharc-  
 shluaigh eatrom  
 Carbuncle, *s.* Clach luachmhor ;  
 phlean dearg  
 Carcass, *s.* Cìosach, cairbh, con-  
 ablach  
 Card, *v.* Clòimh no olann a chìr-  
 eadh no a tharruing  
 Cardiac, *a.* Aontachail, neartach-  
 ail, brosnuchail  
 Cardinal, *a.* Priomh, àrd, sòn-  
 ruichte, inbheach  
 Cardinal-points, *s.* Ceithir áird-  
 ean an athair  
 Cardinal-virtues, *s.* Crionnachd,  
 stuaim, ceartas, agus cruadal

Care, *s.* Cùram, iomaguin  
 Careen, *v.* Calc, no ca-dìon a chàradh  
 Careful, *a.* Cùramach, dìchiollach, iomaguineach  
 Carefulness, *s.* Furachras, mòr chùram  
 Careless, *a.* Dearmadach, neo-churamach  
 Carelessness, *s.* Neo-churam, cion-aire  
 Caress, *v.* Beadradh no brìodal a dheanamh  
 Cargo, *s.* Luchd  
 Caricature, *s.* Dealbh tuaisteach, iongantach  
 Carious, *a.* Grod, mosgair, lobhta  
 Cark, *s.* Cùram, iomagain—*v.* a' bhi iomaguineach  
 Carking, *part. a.* Cràiteach, farranach  
 Carle, *s.* Bodach mìothur neo-fhiachail  
 Carman, *s.* Aon a ghreasas no aig am bi cairtean  
 Carminative, *a.* Ni a sgaoileas gaoth  
 Carmine, *s.* Dath dearg  
 Carnage, *s.* Ar, càsgradh, sgrios  
 Carnal, *a.* Feolmhor, ana-mianach, mi-gheimnidh  
 Carnally, *ad.* Gu feolmhor, &c.  
 Carnival, *s.* Dìmaid-inid; cuirm  
 Carnivorous, *a.* Feoil-itheach, glutach, glàmhach  
 Carol, *s.* Oran molaidh  
 Carol, *v.* Seinn, luinneagaich  
 Carousal, *s.* Cuirm, cuilm, fleadh; òl-mòr, meadhail  
 Carouse, *v.* Ol anabarrach a dheanamh  
 Carp, *v.* Cronaich, connsaich  
 Carpenter, *s.* Saor  
 Carpet, *s.* Brat-ùrlair  
 Carriage, *s.* Giulain; modhanna; gnáthachadh; inneal-iomchair  
 Carrier, *s.* Iomcharaich; gne chalmán

Carrion, *s.* Cairbh, closach  
 Carrot, *s.* Curran, miuran  
 Carry, *v.* Iomchair, giulain  
 Cart, *s.* Feun, cairt no carbad  
 Cartel, *s.* Co'-chòrdadh mu iom-laid cliomach  
 Carter, *s.* Aon a ghreasas feun no cairt  
 Cartilage, *s.* Maathan  
 Cartilaginous, *a.* Maathanach  
 Cartouch, *s.* Peileir-lann  
 Catridge, *s.* Soire chum aon urchair  
 Cart-wright, *s.* Saor-fhèuna, charbad, no chairtean  
 Carve, *v.* Gearr air fiodh no cloich; gearr feoil  
 Carving, *s.* Gearradh, a' snaith-eadh dhealbh  
 Cascade, *s.* Eas, leum-uisge, sruth cas  
 Case, *s.* Còmhach, truail; cor nithe  
 Caseharden, *v.* Cruadhaich an sgrath a muigh  
 Cash, *s.* Airgid, airgid ullamh  
 Cashier, *s.* Fear-coimhead airgid—*v.* cuir air falbh  
 Cask, } *s.* Clogaid, ceann-  
 Casque, } bheairt  
 Cask, *s.* Buideal, gòdhan, gingein  
 Casket, *s.* Bosdan beag, send-lann  
 Cast, *v.* Tilg; dealbh  
 Cast, *s.* Ni a thilgeadh; a dhìt-eadh; a dhealbh  
 Castaway, *s.* Neach caillte no tréigte  
 Castigate, *v.* Neach a smachdachadh, a pheanasachadh, a bhualadh  
 Castigation, *s.* Peanas, oilcan  
 Casting-net, *s.* Lion-tilgidh  
 Castle, *s.* Dùn, daighneach  
 Castor, *s.* Ainm reult; dòbhran  
 Castrate, *v.* Gearr, mill; spoth  
 Castration, *s.* Spodhadh, cuir air lughad

Casual, *a.* Tuiteamach, neo-chinnteach

Cat, *s.* Căt

Catalogue, *s.* Aireamh ni sam bith, ainm-chlār

Cataphract, *s.* Marcaich fo lán armaibh

Cataplasm, *s.* Plàs

Catapult, *s.* Inneal a thilge chlach

Cataract, *s.* Eas, leum-uisge; galar-shùl

Catarrh, *s.* Ronn-ghalar

Catastrophe, *s.* Crìoch ni (*gu minic*) neo-thaitneach

Catch, *v.* Glac, beir air, rib

Catching, *part. a.* Gabhaltach, ullamh gu glacadh

Catchpoll, *s.* Maor

Catechetical, *a.* Ceasnuchail

Catechise, *v.* Ceasnuich

Catechism, *s.* Leabhar ceasnuchaidh

Catechist, *s.* Fear-cheistean

Catechumen, *s.* Ur-chriosduidh

Categorical, *a.* Dearbh-chinnteach, gun teagamh

Caterer, *s.* Solaraiche

Cateress, *s.* Ban-solaraiche

Caterpillar, *s.* Burrus, cnuimh-chàil

Caterwaul, *v.* Miagail a dheanamh

Catgut, *s.* Gne aodaich; teudan fìdhle

Cathartic, *a.* Glanach, ionnlaid-each

Cathedral, *s.* Ard-eaghluis, eaghluis Easpuig

Catholic, *a.* Coitchionn.—*s.* Pàp-anachd

Catholicon, *s.* Cùngaidh-leighis choitchionn

Cattle, *s.* Spréidh, tàin, eallach

Cavalcade, *s.* Buidheann uiharcach

Cavalier, *a.* Sparaiseach, tréim; àrdanach, uaibhreach

E

Cavalierly, *ad.* Gu h-àrdanach, gu stràiceil, &c.

Cavalry, *s.* Marc-shluagh

Cave, *s.* Uadha, slochd, lag

Caveat, *s.* Bacadh; sanus, comhairle

Cavern, *s.* Uadha, slochd, toll

Caverned, } *a.* Làn shlochd,

Cavernous, } slochdach, coir-each

Cavesson, *s.* Sròinean

Cavil, *v.* Connsaich, cunnuilich

Caviller, *s.* Connsachair

Cavity, *s.* Slochd, uadha

Caul, *s.* Bréid; lion-obair gruaige; sgairt

Cauliflower, *s.* Càl-gruidheam

Cause, *s.* Aobhar

Cause, *v.* Deàn, thoir, aom

Causeless, *a.* Gun chionfàth, gun aobhar

Causay, } *s.* Causair

Causeway, }

Caustic, *s.* Loisgeach

Caution, *s.* Faicill, cùram; sanus

Caution, *v.* Sanas a thoirt, ni innseadh

Cautionary, *a.* 'An urras, 'an geall

Cautiously, *ad.* Gu siceir, gu faicilleach

Cautious, *a.* Siceir, faicilleach, crìonnda

Cautiousness, *s.* Furachras, faicill

Cease, *v.* Sguir, stad; stad a chur air

Ceaseless, *a.* Gun sgur, do ghnàth

Cecity, *s.* Doille, cion-leirsinn

Cedar, *s.* Fiodh Sedair

Cede, *v.* Toirt thairis, no toirt suas

Ceiling, *s.* Lìnnigeadh, còmhdach; am mullach, bràighe

Celebrate, *v.* Coimhead; mol; cum

Celebration, *s.* Cuimhneachan follaiseach; moladh

Celebrious, *a.* Ainmeil, alleil,  
 cliùteach, comharraichte  
 Celebrity, *s.* Cliu, alladh, iomradh  
 Celerity, *s.* Luas, cablag  
 Celestial, *a.* Neamhuidh  
 C. libacy, }  
 Celibate, } *s.* Gun phòsadh  
 Cell, *s.* Seòmar beag dùinte ;  
 uadhla, slochd  
 Cellar, *s.* Ionad taisgich  
 Cement, *s.* Liunn-tàdhadh  
 Cement, *v.* Dhùthaich r'a cheile,  
 tàdh  
 Cemetery, *s.* Cladh, àit'-adh-  
 laic, cill  
 Censer, *s.* Tùis-shoitheach  
 Censor, *s.* Fear-cronachaidh,  
 smachdair  
 Censurable, *a.* Aithrigh air ach-  
 mhasan ; ciontach  
 Censure, *s.* Coirc, sgainneil, ach-  
 mhasan  
 Censure, *v.* Achmhasanaich, coir-  
 ich, dìt  
 Cent, *s.* Ceud  
 Centaury, *s.* A cheud-bhileach  
 Centenary, *s.* Aircamh cheud  
 Centesimal, *a.* An ceudaibh  
 Centifidous, *a.* Roinnte 'na cheud  
 earrainn  
 Centifolious, *a.* Aig a bheil ceud  
 duilleag ; ceud-duilleagach  
 Centre, *s.* Meadhon  
 Centric, *a.* Meadhonach  
 Centuple, *a.* A cheud uiread  
 Centuriate, *v.* Air a roinn na  
 cheudaibh  
 Centurion, *s.* Ceannard-ceud  
 Ròimheach  
 Century, *s.* Ceud-bliadhna  
 Cerastes, *s.* Nathair adhairecach  
 Cerate, *s.* Acfhuinneigh  
 Cerecloth, *s.* Aodach mairbh  
 Ceremonial, } *a.* Riaghailteach,  
 Ceremonious, } deas-ghnàthach  
 Ceremony, *s.* Deas-ghnàth ; modh  
 riaghailt  
 Certain, *a.* Cinnteach, gun teagamh

Certainly, *ad.* Gu cinnteach, gun  
 teagamh  
 Certainty, } *s.* Làn-dearbhadh,  
 Certitude, } dearbh-chinnt  
 Certificate, *s.* Teisteanas,  
 dearbhadh  
 Certify, *v.* Dearbh, thoir fios  
 Cerulean, } *a.* Gorm, liath-  
 Ceruleous, } ghorm  
 Cerulific, *a.* Gorm-dhathach  
 Cerumen, *s.* Céir na cluaise, sal  
 na cluaise  
 Cess, *s.* Cìs, càin  
 Cessation, *s.* Fosadh, anail, stad,  
 tàmh  
 Chase, *v.* Feargaich ; blàitich ;  
 suath  
 Chaff, *s.* Moll ; ni suarrach  
 Chaffer, *v.* Plocairich, taglainn-  
 ich ; dean suaip  
 Chafferer, *s.* Fear-roinn, fear  
 cruaidh taglainneach  
 Chaffy, *a.* Moll'ar, càthar ; salach,  
 catrom, olc  
 Chagrin, *s.* Droch fhonn,  
 mìothlachd, frionas  
 Chagrin, *v.* Farranaich, goirtich,  
 pian  
 Chagrined, *part.* Farranaichte,  
 feargaichte, brosnichte  
 Chain, *s.* Slabhruidh  
 Chain, *v.* Neach a cheangal le  
 slabhruidh, a thràillealachadh  
 Chainshot, *s.* Urchair shlabhruidh,  
 peileirean ceangailte ri cheile  
 le slabhruidh  
 Chair, *s.* Suidheagan, cathair  
 Chairman, *s.* Riaghlair comuinn ;  
 fear-iomchar dhaoine ann an  
 cathair  
 Chaise, *s.* Carbad catrom  
 Chaldron, *s.* Sàltair, sca bolla  
 deug  
 Chalice, *s.* Cupan comunachaidh  
 Chalk, *s.* Caile  
 Chalk-cutter, *s.* Caile-thochailt-  
 ear  
 Challenge, *s.* Dùlanachadh, no

cuire gu còmhrag deise ; neach  
a chronachadh  
Cham, } s. Rìgh no uachdran  
Chan, } *Thartary*  
Chamber, s. Seomar  
Chamberlain, s. Fear-ionaid  
uachdrain ; seomair ; cailtean-  
ach, 2 Kings, ix. 32  
Chambermaid, s. Maighdeann  
sheòmair  
Chamois, s. Somer, gnè ghaibhre,  
Deut. xiv. 5  
Champ, v. Cagainn, teum  
Champaign, s. Còmhuard ; gnè  
fhìona  
Champion, s. Gaisgeach, curaidh,  
laoch treun  
Chance, s. Tuiteamas, sealbhar,  
mi-shealbh  
Chancel, s. Ionad na seirbhis san  
eaglais  
Chancellor, s. Ard-chomhairleach  
Chancery, s. Mòd ceartais  
Chancre, s. Silteach  
Chandelier, s. Coinnleir meurach  
Chandler, s. Coilleadair, fear  
dheanamh choinnlean  
Change, v. Atharraich, malairt-  
ich ; leasaich  
Change, s. Atharrachadh, arias ;  
mùghadh airgid  
Changeable, } s. Neo-bhunait-  
Changeful, } each, ionluadh,  
caochlaideach  
Channel, s. Aigean, sruth-chlais  
Chant, s. Oran, co'-sheirm, ceol  
Chanter, s. Fear-cìuil, òranaiche  
Chantress, s. Ban-òranaiche  
Chaos, s. Mi-riaghaid  
Chape, s. Cràmbaid  
Chapel, s. Tigh-aoraidh  
Chaplain, a. Beul-chrupadhl  
Chapiter, s. Ceann puist  
Chaplain, s. Pears'-eaglais a  
shearmonaicheas do'n fheachd  
air muir no air tìr, no bhios  
ann an tigh duin' uasail  
Chapless, a. Caol-pheircleach

Chaplet, s. Blàth-leasgaidh  
Chapter, s. Caibdeil  
Chapman, s. Ceannuiche, mar-  
sonda  
Character, s. Comharradh ; cliu  
Characterize, v. Clu a thoirt air  
neach  
Charcoal, s. Gual fiodha  
Charge, s. Earbsadh ; costas ;  
ionnsuidh ; àithne  
Chargeable, a. Cosdail, stròghail ;  
cìontach  
Chariness, s. Faicill, cùram,  
crionndachd  
Chariot, s. Carbad  
Charitable, a. Iochd'ar, fiugh-  
antach, caoimhneil  
Charity, s. Seirc, gràdh ; deadh-  
ghean ; déire  
Charm, v. Neach a chur fo  
gheasaibh ; a thoileachadh  
Charm, s. Drùigheachd, gisreag,  
geasadaireachd  
Charmer, s. Drùidh, no seunadair  
Charming, *part. a.* Ro-thaitneach,  
ro-ionmhuinn  
Charter, s. Còmas ; aonta  
Chartered, a. Aig a' bheil cead,  
àir a riadh  
Charterparty, s. Co'-chùmhnanta  
Charwoman, s. Boirionnach àir  
thuarasdal latha  
Chary, a. Cùramach, faicilleach,  
dìchiollach  
Chase, s. Sealg ; faothaid, fiadh-  
ach  
Chasm, s. Sgoltadh, fòsgladh,  
fàslach  
Chaste, a. Teisteil, neo-thruail-  
lidh, fìor-ghlan  
Chasten, } v. Peanasach, smachd-  
Chastise, } aich  
Chastisement, s. Peanas, smachd-  
achadh  
Chastity, } s. Geimneachd, teist-  
Chastness, } calachd  
Chat, v. Conaltraich, dean  
seanachas

Chattel, *s.* Feudail, no earras, maoin  
 Chatter, *v.* Gnàduranaich; sgoilm-rich  
 Chawdron, *s.* Mionach beathaich, geraldach  
 Cheap, *a.* Saor.—*s.* Deagh chumradh  
 Cheapen, *v.* Dean plocaireachd  
 Cheapness, *s.* Saoiread  
 Cheat, *v.* Meall  
 Check, *v.* Nì no neach a bhacadh  
 Check, *s.* Bacadh, fuath, ach-mhasan; aodach breachd  
 Check, *s.* Gruaidh, pluic, leachda  
 Check-tooth, *s.* Cùlag  
 Cheer, *s.* Goireas; toilinntinn, aighear  
 Cheer, *v.* Brosnuich, sòlasaich  
 Cheerful, *v.* Eatrom, sunndach, cridheil  
 Cheerfulness, *s.* Aiteas, cridhealas, sùgradh  
 Cheerless, *a.* Dubhach, trom, neo-shinntach  
 Cheerly, } *a.* Sunntach, ait,  
 Cheery, } cridheil  
 Cheese, *s.* Càise  
 Cheesemonger, *s.* Fear reig càise  
 Cheesewat, *s.* Fiodhan  
 Cheriff, *s.* Ard-shagart nan Turcach  
 Cherish, *v.* Cum suas, altrum, àrach  
 Cherisher, *s.* Fear-misneachaidh, fear-còmhnaidh  
 Cherry, *s.* Sirist — *a.* Ruiteach, gruaidh-dheargach  
 Cherub, *s.* Spiorad neamhuidh  
 Chesnut, *s.* Geim-chnù  
 Chest, *s.* Ciste  
 Cheslip, *s.* Corra-chòsag  
 Chevalier, *s.* Ruidire, flath treun, treun-laoch  
 Cheveril, *s.* Meann; minniceag  
 Chew, *v.* Cagain, cnuasaich  
 Chicane, } *s.* Briongloid thag-  
 Chicanery, } lainneach

Chicken, *s.* Eun circe  
 Chickenhearted, *a.* Gealtach, cladhaireach  
 Chide, *v.* Cronaich, coirich, masluich  
 Chiding, *part.* Cronaichte, ach-mhasanaichte  
 Chief, *a.* Priomh, urramach.—*s.* ceann-feadhna, ceann-cinnidh  
 Chiefless, *a.* Gun cheann-feadhna, lag  
 Chiefly, *ad.* Gu h-àraid, gu h-urramach  
 Chieftain, *s.* Ceannard, ceann-feadhna, ceann-cinnidh  
 Child, *s.* Naoidhean, leanamh, maothran  
 Childbearing, *s.* Breith cloinne  
 Childbed, } *s.* Laidhe-siubhladh,  
 Childbirth, } leaba-shiubhladh  
 Childhood, *s.* Leanabuidheachd, naoidheanachd  
 Childish, *a.* Leanabaidh, faoin  
 Childless, *a.* Gun chlann, ainrid  
 Children, *s.* Clann, sliochd  
 Chiliad, *s.* Mìle  
 Chiliarch, *s.* Ceannard mhìle  
 Chill, *a.* Fiunnar.—*s.* Crith-fhuachd, fuar  
 Chill, *v.* Fuaraidh, mi-mhisnich  
 Chilliness, } *s.* Ball-chrith, crith-  
 Chillness, } fhuachd; cion teas  
 Chilly, *a.* Fiunnar, reòta, fuar  
 Chime, *s.* Co'-sheirm, fonn  
 Chime, *v.* Co'-sheirmich, co'-choird  
 Chimera, *s.* Neonachas, faoin-eachd  
 Chimerical, *a.* Faoin, amaideach, gòrrach  
 Chimney, *s.* Luidheir  
 Chimney piece, *s.* Snas-obair m'an cuairt an t-simeleir  
 Chin, *s.* Smig  
 Chincough, *s.* An t-sriuth-chasta, tinneas cloinne  
 Chine, *s.* Cnaimh  
 Chip, *v.* Pronn, dean meanbh

Chip, } s. Sliseag, sliseagach-  
 Chipping, } adh  
 Chirography, s. Sgrìobhadh  
 Chiromancy, s. Fiosachd làimhe,  
 dearnadaireachd  
 Chirp, v. Bìdil a dheanamh mar  
 eoin  
 Chirurgeon, s. Léigh, lighiche  
 Chisel, s. Gilip  
 Chit, s. Leanamh; foichlean arbh-  
 air  
 Chit-chat, s. Caint fhaoim, no  
 dhiomhain  
 Chilterlings, s. Am mionach, a  
 ghrealach  
 Chivalry, s. Ruidearachd; treubh-  
 antachd, mòr-ghnìomh  
 Choice, s. Taghadh, roghain; a  
 chuid is fearr de ni sam bith  
 Choice, a. Taghta, luachmhor;  
 cùramach  
 Choir, s. Ionad ciùil; luchd  
 seinn; co'-cheòl  
 Choke, v. Tachd, mùch  
 Choler, s. Corruich, lasan feirge,  
 àrdan  
 Choleric, a. Mi-thlachdmhor,  
 diomach, droch-mhèineach  
 Choose, }  
 Chuse, } v. Tagh no raoghnaich  
 Chop, v. Gearr, pronn, sgath  
 Chopin, s. Seipein  
 Chopping, a. Mòr, sultmhor, fall-  
 ain, tàblachdach  
 Chord, s. Teud inneal ciuil, sreang  
 Chorus, s. Luinneag, fonn òrain  
 Chosen, part. Taghta, raogh-  
 naichte  
 Christen, v. Baist  
 Christendom, s. A Chrìostachd  
 Christening, s. Baisteadh  
 Christian, s. Crìosduidh  
 Christianity, s. An creidimh  
 Crìosduidh  
 Christianize, v. iompaich gu bli-  
 na Chrìosduidh  
 Christian-name, s. Ainm-baistidh  
 Christmas, s. Nollaig

Chronic, } a. Maireannach,  
 Chronical, } fadalach  
 Chronicle, s. Eachdruidh, cuimhn-  
 eachan  
 Chronicler, s. Seanachaidh, eachd-  
 raiche; beòlaiche  
 Chronologer, s. Eachdraiche  
 Chronological, a. Seanachaidh-  
 each, eachdruidheach  
 Chubbed, a. Mòr cheannach  
 Chuck, s. Glochd cìrce; gràdan  
 Chuckle, v. Pronn-ghàireachd-  
 aich, gràdranaich  
 Chuff, s. Maol-cheannachd, neo-  
 bhrisgead  
 Chum, s. Co'-sheòmaraiche  
 Church, s. Eagluis, tigh-aoraidh;  
 co'-thional  
 Churchman, s. Pears'-eaglais,  
 ministèir; fear de 'n eaglais  
 Shasunnaich  
 Church-yard, s. Cladh, clachan,  
 eill, ionad-adhlaic no tòrraidh  
 Churl, s. Iargaltaiche, droch-  
 bhiaitaiche, ùmaidh  
 Churlish, a. Iargalta, doichiollach,  
 neo-aoidheil, ùmadail  
 Churlishly, ad. Gu neo-mhodhail,  
 iargalta, gruamach  
 Churn, v. Dean am mùidhe  
 Churn, s. Muidhe  
 Chymistry, s. Fcallsanachd le teine  
 Cicatrice, s. Aile, athailte  
 Cicurate, v. Ceannsuich, ciuinich  
 Cider, s. Deoch air a deanamh  
 o shùgh ubhall  
 Ciderkin, s. Deoch lag o shùgh  
 ubhall  
 Ciliary, a. Rosgach  
 Cilicious, a. Molach, ròmach,  
 gaoisteach  
 Cimeter, s. Claidheamh goirid crom  
 Cincture, s. Crìos; eachdrath;  
 cearcall  
 Cinder, s. Guaillein  
 Cingle, s. Crìos, no tarrach  
 Cinnamon, s. Caineal  
 Cinque, s. Cùig

Cinque-foil, *s.* Seamrag chuig-  
 bhileach  
 Cion, *s.* Faillein, àr-fhàs  
 CIPHERING, *s.* Cunntas, àireamh-  
 achadh  
 Circle, *s.* Ni cruinn, cuairt; ceòr-  
 call; cuideachd  
 Cirèle, *v.* Cuairtich, iath  
 Circuit, *s.* Cuairt; cuairt nam  
 breitheanna  
 Circuitous, *a.* Cuairteach, dol  
 m'an cuairt  
 Circular, *a.* Cruinn  
 Circularity, *s.* Cruinnead  
 Circulate, *v.* Cuir m'an cuairt  
 Circulation, *s.* Sgaoileadh; cruinn-  
 ghluasad; ath-philleadh  
 Circumambient, *a.* Cuairteach  
 Circumcise, *v.* Timchioll-ghearr  
 Circumcised, *part.* Timchioll-  
 ghearrta  
 Circumcision, *s.* Timchioll-ghearr-  
 adh  
 Circumference, *s.* Cuairt, cearcall,  
 mu thimchioll  
 Circumfluent, } *a.* Uime-lìonadh  
 Circumfluous, }  
 Circumfuse, *v.* Taosg, craobh-  
 sgaoil  
 Circumfusion, *s.* Taosgadh mu  
 thimchioll  
 Circumition, *s.* Dol m'an cuairt  
 Circumjacent, *a.* Dlù dha; mu  
 thimchioll  
 Circumlocution, *s.* Neo-dheas-  
 labhairt  
 Circummured, *a.* Daighnichte  
 m'an cuairt  
 Circumnavigation, *s.* Seòladh m'an  
 cuairt  
 Circumnavigator, *s.* Aon a sheolas  
 mu thimchioll an t-saoghail  
 Circumscribe, *v.* Laghdaich, uime-  
 dhruid, socraich  
 Circumspect, *a.* Faicilleach, fur-  
 achair, cùramach  
 Circumspection, *s.* Faicill, furach-  
 ras

Circumspective, *a.* Cùramach,  
 furachair  
 Circumstance, *s.* Cùis; gnothach,  
 cor  
 Circumstanced, *a.* Suidhichte; air  
 chor  
 Circumstantial, *a.* Sònruichte;  
 mion; suidhichte  
 Circumstantiate, *v.* Innis gu rioch-  
 dail, gu mion  
 Circumvent, *v.* Meall, dìobair  
 Circumvention, *s.* Feall, mealladh,  
 ceilg  
 Circumvolution, *s.* Dol m'an  
 cuairt  
 Circus, *s.* Ionad chleas le suidh-  
 eagain m'an cuairt  
 Cistern, *s.* Soitheach, àmur, tobar  
 Citadel, *s.* Dùn, daighneach; arm-  
 lann  
 Cite, *v.* Iarr, òrduich, gairm  
 Citizen, *s.* Fear a mhuinntir baile;  
 saor-fhear  
 City, *s.* Cathair, baile-mòr  
 Civil, *a.* Scolta, colach; caomhail,  
 modhail  
 Civil-law, *s.* Lagh, no reachd  
 rioghachd  
 Civil-war, *s.* Cogadh cadar shluag  
 na h-aon rioghachd  
 Civility, *s.* Saorsainn, caoimbreas,  
 modhalachd, suairceas  
 Civilized, *ad.* Gu modhail, grinn,  
 suairce  
 Clack, *s.* Clabar; gnà-fhuaim  
 Clad, *pret. & part.* Sgeudaichte  
 Claim, *v.* Tagair, iarr  
 Claimable, *a.* A dh'fhaodar a  
 thagradh  
 Claimant, *s.* Aon a thagras, tag-  
 radair  
 Claimed, *part.* Air a thagradh  
 Clamber, *v.* Streap gu h-èigneach  
 Clamminess, *s.* Bitheanta, leanailt-  
 each, righinn  
 Clamour, *s.* Gàrrthaich, fos-ghair,  
 àrd-ghlaothaich

Clamorous, *a.* Fuainneach, ard-ghuachach

Clamp, *s.* Claudan, mìr

Clan, *s.* Teaghlach; cinneadh, fine

Clandestine, *a.* Dìomhair, uaig-neach, gun fhios

Clandestinely, *ad.* Gu dìomhair, gu h-uaigheach

Clank, *v.* Faram a dheanamh, no àrd-stairich

Clap, *v.* Buail air; mol

Clapper, *s.* Teangadh eluig, &c.

Clapperelaw, *v.* Troid, mi-ghnàthach

Claret, *s.* Fion-dearg Frangach

Clarification, *v.* Soilleireachadh, sìolachadh

Clarify, *v.* Soilleirich, sìolaidh, no glan

Claritude, *s.* Soilleireachd, gloinead

Clash, *v.* Cuir 'an aghaidh

Clasp, *v.* Teannaich, druid

Class, *v.* Riaghailtich, cuir an òrdugh

Classic, *s.* Ughdar measail

Clatter, *s.* Gleadhraich mhi-riaghailteach, gàrrthaich

Claw, *s.* Ionga beatthaich, coin, no éisg

Claw, *v.* Reub, tachais, sgròb

Clay, *s.* Criadh

Clay-cold, *a.* Fuar mar chriadh, marbh, gun deo

Clean, *a.* Glan; neo-ehiontach

Clean, *v.* Glan o shalchar

Clean, *ad.* Gu fìor-ghlan, gu ro-ghlan

Cleanliness, } *s.* Gloinead, greant-

Cleanness, } achd

Cleanly, *a.* Glan, neo-shalach

Clear, *a.* Soilleir; neo-lochdach; saor

Clear, *v.* Soilleirich, glan

Clearance, *s.* Saoradh, fuasgladh

Clearly, *ad.* Gu saor, soilleir, ionraic

Clearness, *s.* Dealraichead, soil-leireachd, soillse

Clearsighted, *a.* Geur-shuileach, fradharcach

Cleave, *v.* Dlù-lean ri ni no neach

Cleave, *v.* Sgoilt, spealt

Cleaver, *s.* Sgian no tuadh feol-adair

Clemency, *s.* Trocair, iochd, caomhalachd

Clement, *a.* Ciùin, tròcaircach, seinnh

Clergy, *s.* A phléir

Clergyman, *s.* Pears'-eaghluis, ministeir

clerk, *s.* Cléircaich

Clever, *a.* Teoma, tapaidh, ealamh, ullamh

Cleverness, *s.* Teomachd, eolas, tapachd

Clew, *s.* Cearsla; riaghailt

Client, *s.* Neach a chuireas a ghnothaich 'an laimh fir lagha

Cliff, *s.* Creag chorrach chas, stùehd

Climate, *s.* Dùthaich; an t-àileadh; an aimsir

Climb, *v.* Dìrich, streap

Clinch, *v.* Teannaich; lùb, a lùbadh

Cling, *v.* Lean, croch ri; tiormach, sùigh

